



## **Comhairle Inbhir Chluaidh**

### **Plana Gàidhlig**

**2017 – 2022**

**Chaidh am Plana Gàidhlig seo ullachadh fo Earrainn 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.**

## Clàr-innse

1.	Facal-toisich bhon Àrd-oifigear.....	3
2.	Ro-ràdh.....	4
3.	Comhairle Inbhir Chluaidh.....	6
4.	A' Ghàidhlig ann an Sgìre Inbhir Chluaidh .....	9
5.	Prìomh Gheallaidhean .....	14
5.1	Ìomhaigh .....	17
5.2	Conaltradh .....	20
5.3	Stuthan Foillsichte.....	27
5.4	Luchd-obrach.....	31
6.	A' Cuideachadh le Coileanadh a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig.....	34
6.1	A' Togail is Ag Ionnsachadh a' Chànain .....	34
6.2	A' Cleachdadh a' Chànain .....	35
6.3	Inbhe a' Chànain.....	35
6.4	Corpas a' Chànain .....	35
7.	A' Sgrùdadh Coileanadh a' Phlana .....	36
8.	A' Cur Fios chun an Ùghdarrais .....	37

## 1. Facal-toisich bhon Àrd-oifigear

Tha am Plana Gàidhlig seo a' cur an cèill mar a tha Comhairle Inbhir Chluaidh a' dol a chur na Gàidhlig air adhart agus a' dol a thoirt taic don Ghàidhlig, agus i gabhail ris gu bheil a' Ghàidhlig na cànan oifigeil ann an Alba agus gum bu chòir an aon spèis a nochdadh don Ghàidhlig 's a thathar a' nochdadh don Bheurla.

Tha a' Chomhairle air a bhith a' lìbhrigeadh Foghlam tron Ghàidhlig aig ìre nan Tràth-bhliadhnaichean is na Bun-sgoile airson grunn bhliadhnaichean, agus bidh cuid mhath den chloinn sna clasaichean sin a' dol air adhart gu Foghlam tron Ghàidhlig aig ìre na h-Àrd-sgoile.

Tha clasaichean bliadhnail gan tabhann le Seirbheis Ionnsachaidh is Leasachadh Coimhearsnachd na Comhairle, agus iad a' tabhann chothroman do choimhearsnachdan air feadh Inbhir Chluaidh gus Gàidhlig ionnsachadh.

Leis na clasaichean Gàidhlig don choimhearsnachd agus foghlam nan tràth-bhliadhnaichean is na bun-sgoile tha cothroman sgoinneil aig daoine Gàidhlig ionnsachadh agus tha na cothroman ionnsachaidh sin a' cuideachadh le bhith a' toirt aithne don àite a th' aig a' Ghàidhlig ann an cultar na h-Alba agus le bhith a' cur luach cultarach a' chànain air adhart. Tha Comhairle Inbhir Chluaidh fìor thoilichte gun urrainn dhi cothroman a thoirt do dhaoine gus diofar chànanan ionnsachadh agus gus ionnsachadh mu dhiofar chultaran.

Tha am Plana seo a' sealltainn dè na gnìomhan a bharrachd a nì a' Chomhairle gus daoine a bhrosnachadh gu bhith a' togail, ag ionnsachadh is a' cleachdadh na Gàidhlig, agus gus cur ri inbhe a' chànain agus ris an aithne agus an spèis a thathar a' toirt don Ghàidhlig.

Tha Comhairle Inbhir Chluaidh air cur roimhpe taic a thoirt don Ghàidhlig agus nì i a dìcheall taic a thoirt do dh'adhartachadh a' chànain san sgìre rè ùine a' Phlana seo.



Aubrey Fawcett  
Àrd-oifigear

## 2. Ro-ràdh

Tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 (an Achd), a chaidh aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba, ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a th' ann don Bheurla.

Tha an Achd a' togail air stiùiridhean is reachdas a th' ann mu thràth a tha cuideachadh le bhith a' gleidheadh chòraichean luchd na Gàidhlig agus mhion-chànanan eile, nam measg tha: Foirgheall nan Dùthchannan Aonaichte airson Còraichean Dhaoine a bhuineas do Mhion-shlòigh Nàiseanta, Cinneachail, Creideimh agus Cànan (1992); Cairt Eòrpach nan Cànan Roinneil no nam Mion-chànan aig Comhairle na h-Eòrpa (1992); Cùmhnant Frèama airson Dìon nam Mion-shluagh Nàiseanta (1995); agus cumhachan co-cheangailte ri Gàidhlig ann an reachdas a bhuineas ri foghlam, na meadhanan, cùirtean catharra agus croitearachd ann am Pàrlamaidean Bhreatainn agus na h-Alba. Am measg chumhachan na h-Achd, tha i a' fàgail dleastanas air Bòrd na Gàidhlig Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig ullachadh agus a chur gu Ministearan na h-Alba.

Faodaidh Bòrd na Gàidhlig iarraidh air ùghdarrasan poblach Plana Gàidhlig fhoillseachadh agus tha iad air iarraidh air Comhairle Inbhir Chluaidh sin a dhèanamh.

Tha Comhairle Inbhir Chluaidh a' toirt aithne don Ghàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba agus tha i a' toirt spèis a tha co-ionann don Bheurla agus don Ghàidhlig. Nuair a nochdas a' Ghàidhlig is a' Bheurla air soidhnichean, ann an stuthan foillsichte msaa, nochdar spèis cho-ionann don dà chànan agus nuair a bhios seirbheisean Gàidhlig rim faotainn, bheirear cothroman follaiseach do dhaoine air na seirbheisean sin.

Thathar an dùil leis a h-uile Plana Gàidhlig gun gabhar ealla ris na ceithir prìomh raointean leasachaidh a chaidh a thoirt fa-near ann a bhith dealbh a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig, 's iad sin:

- **Togail is Ionnsachadh:** a' toirt a' chothruim do dhaoine sgilean bruidhne, leughaidh is sgrìobhaidh ann an Gàidhlig ionnsachadh is cur ris na sgilean sin
- **Cleachdadh:** a' toirt a' chothruim do dhaoine Gàidhlig a chleachdadh ann an caochladh shuidheachaidhean sòisealta, foirmeil is obrach
- **Inbhe:** bidh Gàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn barrachd agus bheirear barrachd aithne is spèis dhi
- **Corpas:** a' cur ri càileachd, cunbhalachd is beairteas na Gàidhlig.

Tha am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig ag amas air na builean a leanas a choileanadh, agus tha Comhairle Inbhir Chluaidh air aire a thoirt dhaibh ann a bhith a' dealbh a' Phlana Ghàidhlig seo:

### **An Dachaigh is na Tràth-bhliadhnaichean**

- Bidh barrachd dhaoine òga a' togail is a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus thig àrdachadh air an àireimh de chloinn a tha a' tòiseachadh ann am foghlam tràth-bhliadhnaichean na Gàidhlig

### **Foghlam: Sgoiltean agus Tidsearan**

- Àrdachadh san àireimh de chloinn a tha tòiseachadh ann am Foghlam tron Ghàidhlig (FtG), le dùblachadh a' tighinn air an àireimh a tha a' tòiseachadh gach bliadhna agus sin a' dol suas gu 800 ann an no ro 2017.
- Àrdachadh a' tighinn bho bhliadhna gu bliadhna air an àireamh sgoilearan a tha ann am Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) aig ìre na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile.
- Leudachadh air na th' ann de chuspairean a tha air an teagasg tron Ghàidhlig ann an àrd-sgoiltean.

### **Foghlam: Foghlam Seach-sgoile**

- Àrdachadh san àireimh de dh'inbhidh a tha a' togail na Gàidhlig bhon 2,000 no mar sin a th' ann an-dràsta gu 3,000 ro no ann an 2022, agus thig piseach air sgilean cànanain am measg nam fileantach.

### **Coimhearsnachdan**

- Barrachd chothroman do choimhearsnachdan is do lìonraidhean luchd-labhairt de gach seòrsa gus a' Ghàidhlig a chleachdadh agus bidh Gàidhlig air a cleachdadh barrachd an lùib thachartasan is sheirbheisean coimhearsnachd.

### **An t-Àite-obrach**

- Barrachd Gàidhlig air a cleachdadh ann an àiteachan-obrach agus barrachd chothroman cosnaidh far a bheil feum air sgilean Gàidhlig gus an urrainnear seirbheisean a thoirt seachad sa chànan.

### **Na h-Ealain is na Meadhanan**

- Bheirear leasachadh air na h-ealain is na meadhanan Gàidhlig mar mheadhan air an cànan a chur air adhart, daoine a tharraing chun a' chànanain agus air an deagh-ghean a th' aca don chànan a neartachadh tro chothroman a gheibh daoine gus a' Ghàidhlig ionnsachadh, a chleachdadh agus gus na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh.

### **Dualchas is Turasachd**

- Bidh a' Ghàidhlig nas follaisiche an lùib dualchais is turasachd, agus nithear barrachd feum den Ghàidhlig ann a bhith a' mìneachadh eachdraidh is cultar na h-Alba.


### **Corpas**

- Nithear co-òrdanachadh air obair nam buidhnean a tha an sàs ann an leasachadh corpas na Gàidhlig gus am bi a' Ghàidhlig nas làidire, nas buntainniche, nas cunbhalach agus nas follaisiche ann an Alba.

### 3. Comhairle Inbhir Chluaidh

'S ann air Taobh Siar Meadhan na h-Alba a tha Inbhir Chluaidh, agus tha mu 81,000 neach a' fuireach san sgìre a tha a' gabhail a-steach 61 mhìle ceàrnagach den tìr air bruach a deas Abhainn Chluaidh.

Tha na prìomh bhailtean, Grianraig, Port Ghlaschu agus Gurraig, suidhichte ri taobh Linne Chluaidh. Tha na bailtean sin eadar-dhealaichte bho na bailtean mar Inbhir Chip is Bàgh Wemyss a tha air a' chosta ann an Ceann an Iar-dheas na sgìre agus na bailtean beaga brèagha leithid Cill MoCholuim agus Baile Quarrier a tha air falbh bhon mhuir. Tha iad seo uile a' cur ri iomadachd na sgìre, gu h-àraidh a thaobh chùisean sòisealta is eaconamach agus cruth na tìre.



Tha Comhairle Inbhir Chluaidh na h-ùghdarras ionadail ris a bheil grunn raointean is sheirbheisean an urra a' gabhail a-steach foghlam, leabharlannan is cultar, sàbhailteachd na coimhearsnachd, inbhean malairt, slàinte san àrainneachd, obair shòisealta (a' gabhail a-steach ceartas a thaobh eucoireachd, daoine gun dachaigh is cùram sa choimhearsnachd), ro-innleachdan airson taigheadais, rianan dealbhachaidh is togail, rianachd sgudail, a' gabhail cùram de rathaidean poblach (chan eil gnothach aice ri prìomh rathaidean), leasachadh eaconamach agus grunn sheirbheisean taice corporra.

Tha obair na Comhairle fo stiùir trì Roinnean: Foghlam, Coimhearsnachdan agus Leasachadh na Buidhne; Com-pàirteachas airson Slàinte is Cùram sa Choimhearsnachd (ann an co-bhuinn ris an NHS); agus An Àrainneachd, Ath-nuadhachadh is Goireasan. Chithear structar na buidhne ann an eàrr-ràdh a h-aon.

Tha grunn oifisean aig a' Chomhairle air feadh sgìre an ùghdarras agus tha prìomh Thogalaichean an Ùghdarras ann am meadhan Ghrianraig.

Tha 7 uàrdan le grunn chomhairlichean aig a' Chomhairle, agus thèid 22 comhairlichean uile-gu-lèir a thaghadh air an son, le trì no ceathrar chomhairlichean ann airson gach uàrd. Aig an àm seo tha a' chuid as motha de chomhairlichean aig a' Phartaidh Làbarach (8), an uair sin tha Partaidh Nàiseanta na h-Alba (7), Libearalaich Dheamocratach na h-Alba (1), Neo-eisimeilich (4) agus am Partaidh Tòraidheach (2).

Tha daoine a' faireachdainn gu làidir gu bheil iad nam pàirt de choimhearsnachd ann an Inbhir Chluaidh agus gu h-àraidh sna coimhearsnachdan ionadail. Tha muinntir na sgìre ceart a bhith moiteil às an sgìre, agus a h-eachdraidh, far a bheil obair thionnsgalach agus iomairtean is obair na mara air a bhith a' dol airson cheudan de bhliadhnaichean.

Sna linntean a dh'fhalbh chruthaich gnìomhachasan togail nam bàtaichean agus giullachd an t-siùcair tòrr chothroman cosnaidh ann an Inbhir Chluaidh, agus mar

thoradh air sin thàinig luchd-imrich is in-imrichean nan dròbhan agus iad a' cur ri àireamh-sluaigh Inbhir Chluaidh. Thàinig tuil de Ghàidheil don sgìre sna bliadhnaichean às dèidh Chùil Lodair ann an 1745, agus thàinig Èireannaich is Gearmailtich a dh'obair sna h-ionadan giullachd siùcair sna 1800an agus bho chionn ghoirid tha luchd-imrich bho Thaobh Sear na h-Eòrpa air tighinn don sgìre às dèidh an leudachaidh a thugadh air an Aonadh Eòrpach. Tha grunn dhiofar chànanan air a bhith aig sluagh Inbhir Chluaidh thar nan linntean, ach 's i a' Bheurla as motha a th' aig daoine san latha an-diugh.

## Deagh Bheatha do Mhuinntir Inbhir Chluaidh

Tha Comhairle Inbhir Chluaidh, ann an com-pàirt le Caidreachas Inbhir Chluaidh, air ceum a bharrachd a ghabhail leis an fhrèam-obrach aig Riaghaltas na h-Alba, A' Coileanadh na tha Ceart airson Gach Pàiste<sup>1</sup> agus i a' cur roimhpe na tha ceart a choileanadh airson gach saoranach agus coimhearsnachd cuideachd. Tha sinn ag amas air dèanamh cinnteach gum bi Inbhir Chluaidh na àite a bheir deagh bheatha don a h-uile saoranach, agus sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig a h-uile duine air beatha mhath agus a bhith cho fallain 's as urrainn dhaibh nan inntinn is nam bodhaig. Le deagh bheatha thathar ag iarraidh gun tig piseach air beatha dhaoine a thaobh toileachas inntinne agus gu h-eaconamach agus tha sinn airson gum bi a h-uile pàiste, saoranach agus coimhearsnachd againn sàbhailte, fallain, a' soirbheachadh, dèanadach, a' faighinn spèis, cunntachail, air an in-ghabhail agus gum bi deagh bheatha aca.



Mar phàirt den deagh bheatha sin, nì a' Chomhairle oidhirp gus taic a thoirt don Ghàidhlig na h-obair nuair as urrainn dhi agus nuair a cheadaicheas na goireasan is an t-ionmhas a th' aice.

## A' Ghàidhlig agus Luchd-obrach Comhairle Inbhir Chluaidh

Chan eil fiosrachadh aig a' Chomhairle an-dràsta air an àireamh luchd-obrach aig a bheil tuigse air a' Ghàidhlig. San ath sgrùdadh air luchd-obrach, feuchaidh a' Chomhairle ri fios fhaighinn air cò an luchd-obrach a th' aice as urrainn Gàidhlig a leughadh, a sgrìobhadh no a bhruidhinn agus thèid am fiosrachadh sin a chlàradh.

'S iad na h-aon obraichean aig a' bhuidhinn far a bheil e na dhleastanas comharraichte a bhith cleachdadh na Gàidhlig, obraichean sna clasaichean Gàidhlig san sgoil-àraich is sa bhun-sgoil.

Chan eil oifisean aig buidhnean Gàidhlig ann an sgìre Inbhir Chluaidh an-dràsta. Ge-tà, bidh a' Chomhairle a' sanasachd obraichean sam bith a th' againn ann am Foghlam tron Ghàidhlig air [www.Gaelicteaching.com](http://www.Gaelicteaching.com).

<sup>1</sup> 'S e a th' ann an A' Coileanadh na tha Ceart airson Gach Pàiste dòigh-obrach nàiseanta a bhuineas ris a h-uile pàiste ann an Alba agus tha aig gach neach-obrach, a tha ag obair an lùib sheirbheisean cloinne is teaghlach san roinn phoblaich no shaor-thoileach, ri aire a thoirt dha.



## 4. A' Ghàidhlig ann an Sgìre Inbhir Chluaidh


A rèir Cunntas-sluaigh 2011, tha 426 luchd-labhairt na Gàidhlig ann an sgìre Inbhir Chluaidh.

Ann an Cunntas-sluaigh 1991 thuir 496 daoine (0.6% de shluagh Inbhir Chluaidh) gum b' urrainn dhaibh Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh. Ann an 2001 chaidh an àireamh sin suas gu 508 (0.6% de shluagh Inbhir Chluaidh). Thuir 648 daoine ann an 2001 gum b' urrainn dhaibh Gàidhlig a thuigsinn.


Ann an Cunntas-sluaigh 2011 chaidh 667 daoine a chomharrachadh aig an robh comas air choreigin a thaobh na Gàidhlig ann an Inbhir Chluaidh. Chithear mineachadh mionaideach air na comasan sin gu h-ìosal:

- B' urrainn do 174 daoine Gàidhlig a thuigsinn, ach cha b' urrainn dhaibh a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh (0.22% den t-sluagh aois 3 no nas sine)
- B' urrainn do 212 daoine Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh (0.26% den t-sluagh aois 3 no nas sine)
- B' urrainn do 176 daoine Gàidhlig a bhruidhinn ach cha b' urrainn dhaibh a leughadh no a sgrìobhadh (0.22% den t-sluagh aois 3 no nas sine)
- B' urrainn do 36 daoine Gàidhlig a bhruidhinn is a leughadh ach cha b' urrainn dhaibh a sgrìobhadh (0.04% den t-sluagh aois 3 no nas sine)
- B' urrainn do 49 daoine Gàidhlig a leughadh ach cha b' urrainn dhaibh a bhruidhinn no a sgrìobhadh (0.06% den t-sluagh aois 3 no nas sine)
- Bha 20 neach eile ann aig an robh measgachadh eile de sgìlean Gàidhlig (0.02% den t-sluagh aois 3 no nas sine)


Thòisich Foghlam tron Ghàidhlig ann an 1999 ann an Inbhir Chluaidh. Chithear gu h-ìosal an àireamh chloinne sna clasaichean bho 2009:



### P1 – 3 Làn-bhogadh FtG




### P4 – 7 FtG



Chan eil Comhairle Inbhir Chluaidh a' libhrigeadh Foghlam tron Ghàidhlig aig ìre na h-àrd-sgoile, ach tha grunn sgoilearan ann bho sgìre Inbhir Chluaidh a bhios a' siubhal gun an Àrd-sgoil Ghàidhlig ann an Glaschu. Tha Comhairle Inbhir Chluaidh a' cur siubhal air dòigh don chloinn.

Bidh a' Chomhairle ag obair, ann an co-bhuinn ri Sabhal Mòr Ostaig, gus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) a thabhann air-loidhne sna h-àrd-sgoiltean aice airson sgoilearan àrd-sgoile a tha airson Gàidhlig ionnsachadh. Chithear tuilleadh fiosrachaidh mun sin air duilleag 34.

Seo an àireamh sgoilearan a tha air a bhith a' siubhal don Àrd-sgoil Ghàidhlig ann an Glaschu thar nam beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh:



Tha trì ùir thidsearan Gàidhlig ann an Inbhir Chluaidh a tha a' teagasg clas na sgoil-àraich, clas 1-3 sa bhun-sgoil agus clas 4-7 sa bhun-sgoil.

Seo mìneachadh air na diofar dhreuchdan:

Ìre	Ionann ri Làn-thìde
Sgoil-àraich	0.5
Prìomh 1 – 3	0.8
Prìomh 4 – 7	1
Obair RCC	1
Teagasg gu Lèir	3.3
Neach-cuideachaidh sa Chlas	1
Oifigear Thràth-bhliadhnaichean is Cùram-chloinne	1

Tha Buidheann Pàrant is Pàiste ionadail ann airson clann aois 0-3.

Tha grunn leabhraichean Gàidhlig aig Leabharlannan Inbhir Chluaidh agus tha iad a' dèanamh sgrùdadh feuch dè an t-iarrrtas a th' ann airson seiseanan Bookbug Gàidhlig, a chaidh a thabhann le Urras Leabhraichean na h-Alba.

Faodaidh Inbhir Chluaidh taic fhaighinn bho Oifigear Leasachaidh Gàidhlig a tha ag obair 30 uairean a thìde san t-seachdain thairis air na sgìrean aig Co-roinn Chille Chonbhail: Inbhir Chluaidh, Siorrachd Rinn Friù agus Siorrachd Rinn Friù an Ear.

Thathar a' cumail 3 clasaichean Gàidhlig ann an Acadamaidh Inbhir Chluaidh agus tha mu 35 daoine a' dol thuca. Tha clas air Eachdraidh na h-Alba agus Gàidhlig air tòiseachadh aig Leabharlann an Iar-dheas agus tha còrr is 10 luchd-ionnsachaidh a' dol ann gu cunbhalach.

Tha an t-Seirbheis Ionnsachaidh is Leasachadh Coimhearsnachd (SILC) air riochdairean bho bhuidhnean Gàidhlig ionadail a thoirt còmhla gus bruidhinn air Fòram Gàidhlig a chur air chois. 'S e as adhbhar don fhòram seo:

- gun dèanar conaltradh nas fheàrr eadar daoine thar Coimhearsnachd na Gàidhlig
- rè ùine thathar ag amas air co-òrdanachadh a dhèanamh air seirbheisean Gàidhlig air feadh na sgìre (chaidh a' chiad cheum a ghabhail a thaobh seo, thoradh chaidh ceanglaichean a thogail eadar oidean bho dhiofar bhuidhnean agus a' Bhuidheann Sgrùdaidh Ghàidhlig airson Ionnsachaidh is Leasachadh Coimhearsnachd agus am prògram trèanaidh aca airson oidean, agus cuidichidh sin le bhith a' stèidheachadh frèam-obrach airson ionnsachaidh)
- gun tèid coimhead air dè am maoineachadh a th' ann gus tachartasan is seirbheisean Gàidhlig a ghleidheadh agus ma ghabhas dèanamh gus leudachadh a dhèanamh orra (tha grunn bheachdan ann a thaobh mar a ghabhadh feum a dhèanamh de chultar, ceòl is dualchas gus fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig)
- gun tèid coimhead air na cothroman a th' ann do dhaoine an cànan a chleachdadh ann an dòighean susbainteach taobh a-muigh a' chlas agus na dachaigh, leithid ann am buidhnean còmhraidh, aig madainn chofaidh, agus gun tèid ceangal a dhèanamh ris na tachartasan sòisealta/cultarach aig ClannGàidhlig

Tha an t-seirbheis air co-dhùnadh a dhèanamh gum bu chòir dhaibh, sa chiad dol a-mach, barrachd sanasachd a dhèanamh air na seirbheisean/clasaichean Gàidhlig a th' ann do dh'inbich ann an Inbhir Chluaidh. Nì iad sin tro bhùird le fiosrachadh san Oak Mall far an urrainnear fiosrachadh a sgaoileadh leis an amas:

- gum bi fios aig barrachd dhaoine air na seirbheisean/clasaichean Gàidhlig a th' ann
- gun tòisich luchd-ionnsachaidh ùra a' dol gu na diofar bhuidhnean Gàidhlig ann an Inbhir Chluaidh
- gun tèid sanasachd a dhèanamh air Mòd Phàislig
- gun ruigear air daoine a tha air Gàidhlig ionnsachadh no fileantaich agus e fa-near dhuinn am brosnachadh gu bhith dol an sàs a-rithist sna clasaichean/seirbheisean

Cuideachd, ged nach eil SILC ga ruith, tha clas do dh'inbhich ga chumail ann an Leabharlann an Iar-dheas le buidheann a tha a' faotainn maoin eachadh iad fhèin. Thòisich e mar chlas (le taic maoin eachaidh bho SILC) do phàrantan le clann san aonad Ghàidhlig a bha suidhichte ann an Acadamaidh nan Gàidheal (Highlanders) aig an àm, ach tha e a-nis air atharrachadh gu bhith na chlas do phàrantan agus daoine eile.

## 5. Prìomh Gheallaidhean

San Stiùireadh reachdail air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig, tha Bòrd na Gàidhlig ag ràdh gu bheil e deatamach, ma tha ath-bheothachadh a' dol a thighinn air a' chànan, gum bi suidheachaidhean freagarrach air an cruthachadh san t-saoghal poblach far an gabh Gàidhlig a cleachdadh. Tha am Bòrd air ceithir prìomh raointean a chomharrachadh far a bheilear a' libhrigeadh sheirbheisean agus e ag iarraidh air buidhnean poblach ealla a ghabhail ris na raointean sin nuair tha iad ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig. 'S iad sin:

<b>Iomhaigh:</b>	ìomhaigh chorporra soidhnichean
<b>Conaltradh:</b>	ionad-fàilte fòn post is post-d foirmichean coinneamhan poblach modhan gus dèiligeadh ri gearanan
<b>Stuthan Foillsichte:</b>	an dàimh ris a' phoball is na meadhanan stuthan clò-bhuailte làraich-lìn taisbeanaidhean
<b>Luchd-obrach:</b>	trèanadh ag ionnsachadh Gàidhlig fastadh sanasan

Tha a' Chomhairle a' gabhail ris gum faod iomairtean is adhartas a nithear sna ceithir prìomh raointean seo cuideachadh le bhith a' togail ìomhaigh na Gàidhlig agus le bhith a' dèanamh a' chànan nas follaisiche agus gum faod barrachd chothroman a bhith aig luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig an cànan a chleachdadh ri linn nan iomairtean sin.

Chan eil mòran dhaoine ann an sgìre Comhairle Inbhir Chluaidh a tha a' cleachdadh na Gàidhlig, agus cha bhi a' Chomhairle a' faighinn gin a dh'iarntasan airson fiosrachaidh no conaltraidh ann an Gàidhlig. Mar sin, san t-suidheachadh eaconamach sa bheil a' Chomhairle an-dràsta agus ionmhas cho gann, chan eil goireasan no ionmhas a bharrachd aice gus iomairtean trèanaidh cànan a lìbhrigeadh, no gus ùrachadh a dhèanamh air ìomhaigh chorporra na buidhne.

Gheibhear fiosrachadh mionaideach san earrainn seo den Phlana air ar prìomh gheallaidhean, agus iad sin a rèir an iarntais a th' ann an-dràsta a thaobh nan raointean gu h-àrd. Faodar coimhead air a' chiad Phlana Ghàidhlig aig Comhairle Inbhir Chluaidh mar thoiseach tòiseachaidh airson na h-obrach a nithear gus seirbheisean Gàidhlig a leasachadh is a leudachadh.

Nuair a bha Comhairle Inbhir Chluaidh a' dealbh a' Phlana seo, dh'iarr i beachdan bho oifigearan freagarrach agus bho dhiofar bhuidhnean le ùidh sa chùis.

Tha ar prìomh gheallaidhean a' sealltainn na h-ìre as lugha de sheirbheisean Gàidhlig a tha sinn a' gealltainn a thoirt seachad eadar 2017 is 2022.

Nuair a bha sinn a' beachdachadh air na seirbheisean Gàidhlig againn agus air mar a ghabhadh an leasachadh, thug sinn an aire do na dh'fheumar a choileanadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus don Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig.

Beachdaichidh sinn air a' bhuidhne a bhios aig Achd an Fhoghlaim (2016) agus an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig air cùisean, a' gabhail a-steach an dleastanais gus Foghlam tron Ghàidhlig a chur air adhart agus taic a thoirt dha.

Tha sinn cuideachd a' cur fàilte air a' chothrom gus obrachadh ann an com-pàirt leis an Oifigear Ealain is Chultair aig Bòrd na Gàidhlig/Alba Chruthachail.

Nuair a bhios sinn ag obair le cunnradairan, thèid iarraidh orra beachdachadh air cleachdadh na Gàidhlig agus air mar as urrainn dhaibh cuideachadh le bhith a' toirt taic don chànan.





## 5.1 Ìomhaigh

Ma tha a' Ghàidhlig ga faicinn mar phàirt de dh'ìomhaigh chorporra an ùghdarras phoblaich, faodaidh e cur gu mòr ri cho follaiseach 's a tha an cànan, agus bidh an t-ùghdarras poblach a' toirt seachad teachdaireachd chudromach gu bheil a' cur sùim sa Ghàidhlig agus gun toirear aithne dhi.

Dìreach mar a tha fìor a thaobh ìomhaigh chorporra, ma thèid Gàidhlig a chleachdadh air soidhnichean, faodaidh sin cur gu mòr ri cho follaiseach 's a tha an cànan, agus tha e a' toirt teachdaireachd chudromach seachad a thaobh inbhe a' chànan. Ma thèid Gàidhlig a chleachdadh air soidhnichean, faodaidh sin cur ri briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus ri leasachadh a' chànan.

Tha Comhairle Inbhir Chluaidh a' gabhail ris gum feumar Gàidhlig a dhèanamh nas follaisiche agus gu bheil feum air deagh ìomhaigh don chànan agus tha i ag amas air na leanas a choileanadh.

<b>Raon</b>	<b>Dè an suidheachadh a th' ann an-dràsta?</b>	<b>Dè an ceann-uidhe a th' againn?</b>	<b>Ciamar a ruigeas sinn air?</b>	<b>Ciamar a bhios fios againn gu bheil sinn air adhartas a dhèanamh?</b>	<b>Cò ris a tha e an urra?</b>	<b>Cuin a ruigeas sinn air?</b>
Ìomhaigh Chorporra	Chan eil Gàidhlig mar phàirt de dh'ìomhaigh Chorporra Comhairle Inbhir Chluaidh.	Gun tèid sgrùdadh a dhèanamh air ìomhaigh chorporra na Comhairle agus gun tèid beachdan a shireadh air ciamar a bu chòir Gàidhlig a bhith air a	Iarraidh sinn beachdan bho luchd-obrach, coimhearsnachdan agus luchd-ùidhe eile gus faicinn ciamar a bu chòir Gàidhlig a bhith air a dhèanamh na pàirt de dh'ìomhaigh chorporra na Comhairle.	Bidh an Sgioba Stiùiridh Chorporra agus an Sgioba Conaltraidh Chorporra air bruidhinn air na beachdan a fhuaras.  Bidh Stiùireadh ann agus thèid a sgaoileadh air feadh na buidhne.	Na Sgiobaidhean airson Leasachadh na Buidhne, Sgiobachd is Conaltradh  (Conaltradh Chorporra)	Ògmhios 2022

Raon	Dè an suidheachadh a th' ann an-dràsta?	Dè an ceann-uidhe a th' againn?	Ciamar a ruigeas sinn air?	Ciamar a bhios fios againn gu bheil sinn air adhartas a dhèanamh?	Cò ris a tha e an urra?	Cuin a ruigeas sinn air?
		<p>dèanamh na pàirt dhith.</p> <p>Gun tèid suaicheantas corporra na Comhairle a dhealbh gu dà-chànanach, le spèis cho-ionann ga nochdadh don Bheurla agus don Ghàidhlig.</p>	<p>Ullaichidh sinn stiùireadh corporra airson a bhith cleachdadh Gàidhlig an lùib ìomhaigh chorporra na Comhairle.</p>	<p>Bidh suaicheantas corporra dà-chànanach aig a' Chomhairle.</p>		
Soidhnichean	Chan eil mòran shoidhnichean dà-chànanach ann an Inbhir Chluaidh.	Gum bi fàilte ann an Gàidhlig mar phàirt de na soidhnichean le fàilte a chithear air na rathaidean a-steach gu sgìre Inbhir Chluaidh, agus iad a' nochdadh spèis cho-ionann don Ghàidhlig is don Bheurla.	<p>Thèid sgrùdadh a dhèanamh air na soidhnichean a th' ann an-dràsta.</p> <p>Thèid soidhnichean rathaid sam bith a tha cur fàilte air daoine gu Inbhir Chluaidh, air an gabh Gàidhlig a chur, a chomharrachadh agus thèid Gàidhlig a chur orra nuair a thèid an ùrachadh.</p>	Bidh fàilte ann an Gàidhlig air gach soidhne a chithear air na rathaidean a-steach gu sgìre Inbhir Chluaidh.	Seirbheisean Àrainneachd is Coimeirsealta/Sgioba Conaltraidh Chorporra.	Ògmhios 2022

Raon	Dè an suidheachadh a th' ann an-dràsta?	Dè an ceann-uidhe a th' againn?	Ciamar a ruigeas sinn air?	Ciamar a bhios fios againn gu bheil sinn air adhartas a dhèanamh?	Cò ris a tha e an urra?	Cuin a ruigeas sinn air?
			Thèid seo a mhaoineachadh bho Mhaoineachadh airson Toraidhean a Chuireas ri Àireamh an t-Sluaigh.			

## 5.2 Conaltradh

### *Ionad-fàilte*

Ma thèid Gàidhlig a chleachdadh aig a' chiad chothrom nuair a tha an t-ùghdarras poblach a' conaltradh no a' dèiligeadh ris a' phoball, bidh an cànan nas follaisiche agus air a cluinntinn barrachd, agus cuidichidh sin le bhith a' sealltainn do dhaoine gun gabh Gàidhlig a chleachdadh agus gu bheil a' brosnachadh cleachdadh a' chànain. A bharrachd air a bhith togail iomhaigh a' chànain, tha seo cuideachd a' cruthachadh chothroman gus an cànan a chleachdadh ann an dòighean practaigeach agus tha e a' brosnachadh dhaoine gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nuair a bhios iad a' dèiligeadh ris an ùghdarras poblach a-rithist.

### *Fòn*

Ma thèid Gàidhlig a chleachdadh an lùib conaltraidh eadar an t-ùghdarras poblach agus am poball air a' fòn, tha sin na dhòigh chudromach gus cothroman practaigeach a chruthachadh gus an cànan a chleachdadh, agus cuidichidh e le bhith a' sealltainn do dhaoine gun gabh Gàidhlig a chleachdadh agus gu bheil a' brosnachadh cleachdadh a' chànain.

### *Post is Post-d*

Ma thèid Gàidhlig a chleachdadh an lùib conaltraidh tron phost is tro phost-d, tha e a' toirt cothrom do dhaoine Gàidhlig a chleachdadh an lùib na dà dhòigh-conaltraidh cudromaich seo. Le bhith ga chleachdadh an lùib nam modhan-conaltraidh seo thathar a' toirt chothroman do luchd-labhairt na Gàidhlig an cànan a chleachdadh ann an caochladh shuidheachaidhean.

### *Foirmichean*

Ma ghabhas Gàidhlig a chleachdadh ann am foirmichean ùghdarrasan poblach, faodaidh sin cur gu mòr ris na cothroman a th' ann gus an cànan a chleachdadh. Ma chithear Gàidhlig air taghadh farsaing de dh'foirmichean dà-chànanach agus foirmichean a tha ann an Gàidhlig a-mhàin, faodaidh sin cur gu mòr ri follaiseachd agus inbhe a' chànain. Ma thèid foirmichean, iarrtasan no sgrìobhainnean eile a dheasachadh ann an Gàidhlig, cuidichidh sin le bhith a' leudachadh briathrachas na Gàidhlig, bheir e a leithid a bhriathrachas gu aire luchd-labhairt na Gàidhlig, agus cuidichidh sin le leasachadh a' chànain fhèin.

### *Coinneamhan Poblach*

Ma thèid Gàidhlig a chleachdadh aig coinneamhan poblach, thathar a' toirt cothrom cudromach do luchd-labhairt na Gàidhlig na beachdan aca a chur an cèill sa chànain a bu thoigh leotha fhèin a chleachdadh agus bidh Gàidhlig air a cluinntinn ann am barrachd shuidheachaidhean.

*Modhan gus Dèiligeadh ri Gearanan*

A thuilleadh air a bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus Gàidhlig a chleachdadh, ma ghabhas Gàidhlig a cleachdadh an lùib nam modhan gus dèiligeadh ri gearanan, tha sin a' dearbhadh mar a tha an t-ùghdarras air cur roimhe Gàidhlig a chleachdadh agus sàr sheirbheis a thoirt do dhaoine leis am b' fheàrr conaltradh a dhèanamh ann an Gàidhlig.

Tha Comhairle Inbhir Chluaidh ag amas air na leanas a choileanadh gus leasachadh a thoirt air mar as urrainn don Chomhairle is luchd-labhairt na Gàidhlig san sgìre conaltradh ri chèile sa chànan.

<b>Raon</b>	<b>Dè an suidheachadh a th' ann an-dràsta?</b>	<b>Dè an ceann-uidhe a th' againn?</b>	<b>Ciamar a ruigeas sinn air?</b>	<b>Ciamar a bhios fios againn gu bheil sinn air adhartas a dhèanamh?</b>	<b>Cò ris a tha e an urra?</b>	<b>Cuin a ruigeas sinn air?</b>
Ionad-fàilte	Chan eil seirbheisean aig a' Chomhairle an-dràsta gus dèiligeadh ri daoine ann an Gàidhlig aig na h-ionadan-fàilte.	Gun tèid dèiligeadh ri luchd-tadhail a thig gu na h-ionadan-fàilte ann an oifisean Comhairle Inbhir Chluaidh ann an dòigh fhreagarrach às bith dè an cànan a bhruidhneas iad.	Thèid luchd-obrach an ionaid-fhàilte ann an Ionad Seirbheisean an Luchd-cleachdaidh a thrèanadh airson a bhith frithealadh air feuman an luchd-cleachdaidh, a' gabhail a-steach a' dèiligeadh ri daoine a tha a' bruidhinn chànanan eile seach Beurla.	Bidh fios aig a h-uile oifigear seirbheisean luchd-cleachdaidh air cò ris am bu chòir dhaibh bruidhinn ma tha cuideigin ann a tha airson conaltradh a dhèanamh ann an cànan eile seach Beurla.	Seirbheisean Ionmhais/Manaidsear Seirbheisean an Luchd-cleachdaidh	Ògmhios 2019
Fòn	Chan eil seirbheisean aig a'	Gun tèid dèiligeadh ri	Thèid sgrùdadh a dhèanamh air na	Bidh an sgrùdadh air a dhèanamh	Seirbheisean Ionmhais/Manaidsear	Ògmhios 2018

<b>Raon</b>	<b>Dè an suidheachadh a th' ann an-dràsta?</b>	<b>Dè an ceann-uidhe a th' againn?</b>	<b>Ciamar a ruigeas sinn air?</b>	<b>Ciamar a bhios fios againn gu bheil sinn air adhartas a dhèanamh?</b>	<b>Cò ris a tha e an urra?</b>	<b>Cuin a ruigeas sinn air?</b>
	Chomhairle an-dràsta gus dèiligeadh ri daoine ann an Gàidhlig air a' fòn.	daoine a dh'fhònas chun na Comhairle ann an dòigh fhreagarrach às bith dè an cànan a bhruidhneas iad.	cànanan a bhios daoine a' cleachdadh nuair a dh'fhònas iad chun na Comhairle.  Bheirear fiosrachadh do luchd-obrach feuch an urrainn dhaibh dèiligeadh ri luchd-cleachdaidh aig nach eil Beurla nuair a dh'fhònas iad chun na Comhairle.	agus thèid fios a chur gu luchd-obrach a bheir tuigse nas fheàrr dhaibh air dè na cànanan a tha ar luchd-cleachdaidh a' bruidhinn.  Bidh fios aig a h-uile oifigear sheirbheisean luchd-cleachdaidh air ciamar a gheibh iad taic a thaobh conaltradh sa Ghàidhlig.	Seirbheisean an Luchd-cleachdaidh	
Post is Post-d	Chan eil poileasaidh aontaichte aig a' Chomhairle an-dràsta airson mar a fhreagras i brathan a thig sa phost no ann am post-d ann an Gàidhlig.	Gun tèid freagairt iomchaidh a chur gu luchd-cleachdaidh a chuireas fios chun na Comhairle sa phost no ann am post-d às bith dè an cànan a chleachdas iad ann a bhith conaltradh rinn.	Nithear sgrùdadh coltach ris an fhear gu h-àrd – san sgrùdadh comharraichear na cànanan a bhios daoine a' cleachdadh nuair a chuireas iad fios chun na Comhairle ann	Bidh an sgrùdadh air a dhèanamh agus thèid fios a chur gu luchd-obrach a bheir tuigse nas fheàrr dhaibh air dè na cànanan a bhios luchd-cleachdaidh a' cleachdadh nuair a sgrìobhas	Seirbheisean Ionmhais/Manaidsear Seirbheisean an Luchd-cleachdaidh	Ògmhios 2019

Raon	Dè an suidheachadh a th' ann an-dràsta?	Dè an ceann-uidhe a th' againn?	Ciamar a ruigeas sinn air?	Ciamar a bhios fios againn gu bheil sinn air adhartas a dhèanamh?	Cò ris a tha e an urra?	Cuin a ruigeas sinn air?
			<p>am post-d no sa phost.</p> <p>Thèid feum a dhèanamh den fhiosrachadh bhon sgrùdadh gus riaghailtean a stèidheachadh airson dèiligeadh ri puist-d is litrichean a gheibhear ann an Gàidhlig.</p>	<p>iad chun na Comhairle.</p>		
Foirmichean	Chan eil foirmichean ann an Gàidhlig aig a' Chomhairle an-dràsta	Gun tèid modh-obrach a stèidheachadh airson mar a chleachdas a' Chomhairle Gàidhlig ann am foirmichean a bhuineas ris a' Chomhairle agus airson cothroman a thoirt do dhaoine Gàidhlig a chleachdadh sna foirmichean sin.	<p>Cuiridh sinn fios gu ùghdarrasan ionadail eile gus faicinn a bheil bun-riochdan de dh'fhoirmichean aca ann an Gàidhlig, a ghabhas cleachdadh.</p> <p>Gheibhear a-mach dè na cosgaisean a bhiodh ann airson foirmichean a</p>	<p>Bidh taghadh de dh'fhoirmichean bunaiteach rim faotainn ann an Gàidhlig ann an cruth didseatach.</p>	Seirbheisean Ionmhais/Manaidsear Seirbheisean an Luchd-cleachdaidh	Ògmhios 2022

<b>Raon</b>	<b>Dè an suidheachadh a th' ann an-dràsta?</b>	<b>Dè an ceann-uidhe a th' againn?</b>	<b>Ciamar a ruigeas sinn air?</b>	<b>Ciamar a bhios fios againn gu bheil sinn air adhartas a dhèanamh?</b>	<b>Cò ris a tha e an urra?</b>	<b>Cuin a ruigeas sinn air?</b>
			bhiodh air an lìonadh a-steach ann an Gàidhlig eadar-theangachadh agus ciamar a dh'obraicheadh sin.			
Coinneamhan Poblach	Chan eil poileasaidh, no goireasan no ionmhas, aig a' Chomhairle gus coinneamhan poblach a chumail ann an Gàidhlig.	Gum bi fios aig a' Chomhairle a bheil neach sam bith a tha a' fuireach san sgìre ag iarraidh gum bi Gàidhlig na pàirt de choinneamhan poblach.	Stèidhichidh a' Chomhairle modh-obrach airson a bhith a' cleachdadh Gàidhlig aig coinneamhan poblach: airson choinneamhan far am faighear iarrtas airson sin, no airson choinneamhan nuair a bhios cuspair na coinneimh gu h-àraidh cudromach do luchd-labhairt na Gàidhlig.	Bidh am modh-obrach stèidhichte agus thèid fios mu dheidhinn a sgoileadh air feadh na Comhairle. Bidh am modh-obrach ri fhaotainn tron eadra-lìon.	An Lìonra gus Co-chonaltradh is Comasan a Neartachadh ann an Coimhearsnachdan	Ògmhios 2022
Modhan gus Dèiligeadh ri Gearanan	Cha bhì a' Chomhairle a' dèiligeadh ri	Gum bi fios aig luchd-obrach air ciamar a bu chòir	Bheir a' Chomhairle sùil air na modhan-	Bidh stiùireadh ann don luchd-obrach air fad, mar	Sgioba Conaltraidh Chorporra	Ògmhios 2022



Raon	Dè an suidheachadh a th' ann an-dràsta?	Dè an ceann-uidhe a th' againn?	Ciamar a ruigeas sinn air?	Ciamar a bhios fios againn gu bheil sinn air adhartas a dhèanamh?	Cò ris a tha e an urra?	Cuin a ruigeas sinn air?
	gearanan ann an Gàidhlig an-dràsta, agus chan eil stiùireadh aice do luchd-obrach air mar a bu chòir dhaibh dèiligeadh ri gearan ann an Gàidhlig.	dhaibh dèiligeadh ri gearan a gheibhear ann an Gàidhlig.	obrach aice airson 'Beachdan, Moladh is Gearanan' agus ullachidh i stiùireadh do luchd-obrach air dè bu chòir dhaibh a dhèanamh nuair a gheibh iad gearan ann an cànan sam bith eile seach Beurla.	phàirt de na modhan-obrach aig a' Chomhairle agus dèiligeadh ri gearanan, air ciamar a bu chòir dhaibh dèiligeadh ri gearanan a gheibhear ann an cànanan eile seach Beurla, a' gabhail a-steach Gàidhlig.		
Fiosrachadh do Luchd-obrach	Chan eil mòran fiosrachaidh ann mun Ghàidhlig do luchd-obrach.  Gheibhear sanasan airson chlasaichean Gàidhlig air eadrlion agus làrach-lìn na Comhairle.	Gum bi fios aig barrachd luchd-obrach air na seirbheisean Gàidhlig a th' ann agus air Gàidhlig san fharsaingeachd agus mar a bhuineas i do dh'Alba.	Thèid fiosrachadh mu dheidhinn a' Phlana Ghàidhlig a shealltainn air ICON (an t-eadrlion) agus air làrach-lìn na Comhairle. Thèid ceanglaichean a chur ann ri fiosrachadh mun Ghàidhlig agus mu mar a bhuineas i do dh'Alba.	Bidh barrachd luchd-obrach aig Comhairle Inbhir Chluaidh a' dol gu clasaichean Gàidhlig.  Bidh barrachd fiosrachaidh air ICON is air an làrach-lìn.	Sgioba airson Poileasaidh Corporra	Lùnastal 2018



### 5.3 Stuthan Foillsichte

#### *An Dàimh ris a' Phoball is na Meadhanan*

Ma thèid Gàidhlig a chleachdadh sna meadhanan, tha sin a' cuideachadh le bhith a' sealltainn gu bheil an t-ùghdarras poblach air cur roimhe fiosrachadh cudromach a thoirt seachad sa Ghàidhlig, agus bidh an cànan nas follaisiche agus thèid inbhe a' chànain àrdachadh.

#### *Stuthan Clò-bhuailte*

Ma thèid Gàidhlig a chleachdadh ann an diofar stuthan clò-bhuailte, faodaidh sin cuideachadh le adhartachadh na Gàidhlig ann an caochladh dhòighean. Bidh an cànan nas follaisiche, agus ma thèid Gàidhlig a chleachdadh ann an stuthan foillsichte le àrd-ìomhaigh cuiridh sin ri inbhe a' chànain, agus faodaidh e cuideachadh le bhith a' leasachadh briathrachas a' chànain agus le bhith a' cruthachadh briathrachas ùr.

#### *Làraich-lìn*

Tha barrachd is barrachd dhaoine a' faotainn fiosrachadh mu na h-ùghdarrasan poblach tro na làraich-lìn aca, agus mar sin ma tha cothrom ann Gàidhlig a chleachdadh an lùib nan làrach-lìn sin cuiridh sin gu mòr ri inbhe agus follaiseachd a' chànain.

#### *Taisbeanaidhean*

Ma thèid Gàidhlig a chleachdadh ann an taisbeanaidhean, tha an t-ùghdarras a' sealltainn gu bheil e air cur roimhe fiosrachadh a thoirt seachad ann an Gàidhlig agus an cànan a chleachdadh ann an taghadh nas fharsainghe de shuidheachaidhean.

Tha Comhairle Inbhir Chluaidh air cur roimhe a' Ghàidhlig a dhèanamh nas follaisiche agus inbhe a' chànain àrdachadh nuair a ghabhas sin dèanamh gu practaigeach, agus i gu h-àraidh a' toirt an amais sin gu buil a thaobh chuspairean a bhuineas ri cùisean Gàidhlig.

<b>Raon</b>	<b>Dè an suidheachadh a th' ann an-dràsta?</b>	<b>Dè an ceann-uidhe a th' againn?</b>	<b>Ciamar a ruigeas sinn air?</b>	<b>Ciamar a bhios fios againn gu bheil sinn air adhartas a dhèanamh?</b>	<b>Cò ris a tha e an urra?</b>	<b>Cuin a ruigeas sinn air?</b>
An Dàimh ris a' Phoball is na Meadhanan	Chan eil stiùireadh aig a' Chomhairle an-dràsta air mar bu chòir Gàidhlig a bhith air a cleachdadh ann am brathan-naidheachd.	Gum bi stiùireadh aig a' Chomhairle a thaobh a bhith a' dèanamh bhrathan-naidheachd dà-chànanach nuair a bhuineas an naidheachd ri cuspair no cùis Ghàidhlig agus gun tèid a leithid a bhrathan ullachadh nuair a bhios sin iomchaidh.	Nì an Sgioba Conaltraidh Chorporra measadh air dè tha a dhìth airson bhrathan-naidheachd is mheadhanan eile ann an Gàidhlig.	Bidh stiùireadh ann air mar a bu chòir don Chomhairle Gàidhlig a chleachdadh ann am brathan-naidheachd a bhuineas ri cuspairean no cùisean Gàidhlig.	Sgioba Conaltraidh Chorporra	Ògmhios 2020
Stuthan Clò-bhuailte	Chan eil poileasaidh aig a' Chomhairle a thaobh a bhith a' foillseachadh stuthan clò-bhuailte ann an Gàidhlig. Tha i ag ràdh gu bheil i deònach tè sam bith de na sgrìobhainnean aice eadar-theangachadh gu Gàidhlig agus gu	Gum bi modhan-obrach foirmeil aig a' Chomhairle airson dèiligeadh ri iarrtasan airson stuthan ann an Gàidhlig.	Gheibh a' Chomhairle a-mach càit am faigh i seirbheisean eadar-theangachaidh Gàidhlig ma tha a leithid a sheirbheis a dhìth, agus stèidhichid i stiùireadh airson nan seirbheisean sin airson amannan nuair a	Bidh fiosrachadh ri fhaotainn air eadra-lìon na Comhairle air mar a gheibh daoine seirbheisean eadar-theangachaidh Gàidhlig.	Sgioba Conaltraidh Chorporra/Buidheann Co-ionannachd na Comhairle	Lùnastal 2020

<b>Raon</b>	<b>Dè an suidheachadh a th' ann an-dràsta?</b>	<b>Dè an ceann-uidhe a th' againn?</b>	<b>Ciamar a ruigeas sinn air?</b>	<b>Ciamar a bhios fios againn gu bheil sinn air adhartas a dhèanamh?</b>	<b>Cò ris a tha e an urra?</b>	<b>Cuin a ruigeas sinn air?</b>
	grunn chànanan eile a gheibhear ann an coimhearsnachdan.  Tha grunn leabhraichean Gàidhlig rim faotainn ann an Leabharlannan Inbhir Chluaidh.		bhios eadar-theangachadh a dhith.			
Làraich-lìn	'S iad Beurla agus Cànan Soidhnidh Bhreatainn an dà chànan a tha rim faotainn air làrach-lìn na Comhairle an-dràsta.	Gum bi foirm no fiosrachadh sam bith ann an Gàidhlig mu dheidhinn chuspairean no cùisean Gàidhlig rim faotainn air an làrach-lìn.	Thèid na foirmichean Gàidhlig a th' ann a chur suas air an làrach-lìn.  Thèid brathan-naidheachd no fiosrachadh sam bith eile co-cheangailte ri cùisean Gàidhlig a thoirt seachad air an làrach-lìn.	Bidh foirmichean is fiosrachadh ann an Gàidhlig rim faotainn air an làrach-lìn.	Sgioba Conaltraidh Chorporra/Sgioba Seirbheisean an Luchd-cleachdaidh	Ògmhios 2022
Taisbeanaidhean	An-dràsta chan eil a' Chomhairle a' dèanamh Gàidhlig na pàirt de ghin de	Gum bi fiosrachadh aig a' Chomhairle ann an Gàidhlig mar phàirt de	Comharraichidh Seirbheis nan Leabharlannan is nan Taighean-tasgaidh	Nuair a bhios taisbeanaidhean ann mu dheidhinn chùisean no	Seirbheis nan Leabharlannan is nan Taighean-tasgaidh.	Lùnastal 2020

Raon	Dè an suidheachadh a th' ann an-dràsta?	Dè an ceann-uidhe a th' againn?	Ciamar a ruigeas sinn air?	Ciamar a bhios fios againn gu bheil sinn air adhartas a dhèanamh?	Cò ris a tha e an urra?	Cuin a ruigeas sinn air?
	na taisbeanaidhean a th' aice.	thaisbeanaidhean a bhuineas ri cùisean Gàidhlig, no ann an taisbeanaidhean far a bheil na daoine air a bheil an taisbeanadh ag amas air a dhèanamh follaiseach gum bu chòir fiosrachadh a bhith sa Ghàidhlig, a bharrachd air a' Bheurla.	fiosrachadh sam bith a bu chòir a bhith sa Ghàidhlig ann an taisbeanaidhean.	cuspairean Gàidhlig, no ma tha iad ag amas air luchd-labhairt na Gàidhlig, thèid fiosrachadh a thoirt seachad ann an Gàidhlig, agus thèid spèis cho-ionann a thoirt don Ghàidhlig agus don Bheurla.		

## 5.4 Luchd-obrach

### *Trèanadh*

Gus seirbheisean a libhrigeadh tron Ghàidhlig, feumaidh ùghdarrasan poblach dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean-obrach agus na sgilean cànanain iomchaidh aig an luchd-obrach.

### *Ag Ionnsachadh Gàidhlig*

Ma tha cothroman ann do luchd-obrach gus Gàidhlig ionnsachadh cuidichidh sin le bhith a' brosnachadh inbhich gu bhith ag ionnsachadh a' chànanain agus bidh na cothroman sin a' toirt inbhe don Ghàidhlig mar sgil fheumail san àite-obrach.

### *Fastadh*

Ma thèid obraichean a stèidheachadh far a bheil Gàidhlig mar sgil-obrach riatanach no na buannachd, cuiridh sin gu mòr ri inbhe a' chànanain agus bidh Gàidhlig air a faicinn mar sgil-obrach as fhiach fhaotainn.

### *Sanasan*

Ma thèid Gàidhlig a chleachdadh ann an sanasan, tha sin a' cuideachadh le bhith a' sealltainn gum bu chòir Gàidhlig a bhith air a cleachdadh san t-saoghal phoblach agus gu bheil àite cudromach aig daoine a bhios a' cleachdadh Gàidhlig an lùib obair nan ùghdarrasan poblach.





Raon	Dè an suidheachadh a th' ann an-dràsta?	Dè an ceann-uidhe a th' againn?	Ciamar a ruigeas sinn air?	Ciamar a bhios fios againn gu bheil sinn air adhartas a dhèanamh?	Cò ris a tha e an urra?	Cuin a ruigeas sinn air?
Trèanadh	<p>Chan eil trèanadh do luchd-obrach san àite-obrach ri fhaotainn ann an Gàidhlig, faicibh gu h-ìosal ge-tà.</p> <p>Chan eil iarrtas ann an-dràsta airson seirbheisean tron Ghàidhlig, ach a-mhàin san sgoil-àraich Ghàidhlig agus sna clasaichean Gàidhlig sa bhun-sgoil.</p>	Gum bi fios aig luchd-obrach air Plana Gàidhlig na Comhairle agus gum faigh iad fiosrachadh conaltraidh ma tha iad airson Gàidhlig ionnsachadh.	Bheirear fiosrachadh seachad air eadra-lìon na Comhairle, ICON.	Bidh duilleag air ICON mun Phlana Ghàidhlig.	Sgiobaidhean airson Leasachadh na Buidhne/Sgiobachd/Poileasaidh Corporra	Lùnastal 2017

Ag Ionnsachadh Gàidhlig	Tha a' Chomhairle a' tabhann chlasaichean Gàidhlig an-asgaidh an-dràsta anns am faod luchd-obrach pàirt a ghabhail.	Gum bi fios aig luchd-obrach mu na clasaichean cànan a tha an t-Seirbheis Ionnsachaidh is Leasachadh Coimhearsnachd a' tabhann ann an sgìre Inbhir Chluaidh agus gun tèid am brosnachadh gu bhith a' dol thuca.	Thèid fiosrachadh a thoirt seachad air eadra-lìon, ICON, agus/no làrach-lìn na Comhairle.  Thèid ceanglaichean-lìn ri goireasan Gàidhlig air-loidhne a chur air an duilleig-lìn.	Bidh fiosrachadh mu chlasaichean Gàidhlig ri fhaotainn air ICON agus/no làrach-lìn na Comhairle.	Seirbheis Ionnsachaidh is Leasachadh Coimhearsnachd/Sgioba Conaltraidh Chorpóra	Lùnastal 2017
Fastadh	Tha a' Chomhairle air tidsearan Gàidhlig fhadth.	Gun tèid sanasan-obrach fhoillseachadh ann an Gàidhlig agus Beurla nuair a tha Gàidhlig na sgil riatanach airson na dreuchd.	Thèid sanasan dà-chànanach fhoillseachadh airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach.	Bidh sanasan dà-chànanach gan sealltainn air myjobscotland and Gaelicteaching.com airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach.	OD/HR	Ògmhios 2017
Sanasan	Chan eil sanasan dà-chànanach aig Comhairle Inbhir Chluaidh an-dràsta.	Mar gu h-àrd.	Mar gu h-àrd.	Mar gu h-àrd.	Mar gu h-àrd.	Ògmhios 2017

## 6. A' Cuideachadh le Coileanadh a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig

Tha am *Plana Nàiseanta* a' cur lèirsinn an cèill: gum bi a' Ghàidhlig na cànan brìoghmhor is neartmhor agus i air a cleachdadh barrachd is i a' faighinn spèis ann an Alba an latha an-diugh sa bheil iomadh cultar is cànan. Tha am *Plana Nàiseanta* a' mineachadh, ma thathar a' dol a thoirt na lèirsinne sin gu buil, gum feumar adhartas a dhèanamh ann an ceithir prìomh raointean leasachaidh cànain: a' toirt chothroman do dhaoine Gàidhlig a thogail no ionnsachadh; a' toirt chothroman do dhaoine Gàidhlig a chleachdadh; a' cur ri inbhe na Gàidhlig; agus a' leasachadh corpas na Gàidhlig.

Fo Achd 2005, tha aig ùghdarrasan poblach, a fhuair fios reachdail bhon Bhòrd gus Plana Gàidhlig ullachadh, ri cuideachadh le amasan a' Phlana Nàiseanta.

### 6.1 A' Togail is Ag Ionnsachadh a' Chànain

Tha am Plana Nàiseanta ag amas air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a mheudachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid an cànan a thoirt seachad bho ghinealach gu ginealach agus le bhith a' stèidheachadh chothroman èifeachdach gus Gàidhlig ionnsachadh.

A thaobh na Comhairle, 's e a prìomh dhleastanas a bhith a' toirt taic do, a' cur air adhart agus a' lìbhrigeadh foghlam Gàidhlig. Bidh a' Chomhairle a' cur foghlam Gàidhlig air adhart tro bhith a' sgaoileadh bhileagan nuair a tha clasaichean ùra gan tabhann; tro bhith a' foillseachadh fiosrachadh an lùib nam modhan-clàraidh airson sgoiltean a tha a' toirt iomradh air an sgoil-àraich agus na clasaichean bun-sgoile Gàidhlig; tro fhiosrachadh air làrach-lìn na Comhairle a tha ag innse mu chlasaichean Gàidhlig agus foghlam tron Ghàidhlig (FtG); agus tro cho-obrachadh eadar luchd-obrach ro-sgoile is bun-sgoile gus sanasachd a dhèanamh air na clasaichean bun-sgoile FtG.

A bharrachd air an sgoil-àraich is na clasaichean bun-sgoile Gàidhlig, tha a' Chomhairle gu bhith ag obair còmhla ri Sabhal Mòr Ostaig gus Gàidhlig a thabhann mar chuspair aig na h-àrd-ìrean san àrd-sgoil, a' tòiseachadh leis an 6mh bliadhna, agus ga leudachadh gun 4mh is 5mh bliadhna ri ùine. 'S e am plana an-dràsta gum bi teagasg air-loidhne is air astar ga thoirt seachad, le taic bhon cholaiste. Bidh Gàidhlig air a teagasg mar dàrna cànan an àite mar phàirt de dh'fhoghlam bogaidh. Bheir a' Chomhairle sùil as ùr air an dòigh-obrach seo aon uair 's gu bheil i air a leudachadh gu bhith a' gabhail a-steach an 4mh, 5mh agus 6mh bliadhna, feuch an gabh a leasachadh.

Nì sinn oidhirp cuideachd gus cur ris na cothroman trèanaidh do thidsearan ann an Gàidhlig le taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

## **6.2 A' Cleachdadh a' Chànain**

Tha am Plana Nàiseanta ag amas air cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh, cothroman a stèidheachadh gus an cànan a chleachdadh agus cothroman a thoirt do dhaoine air gnàthasan-cainnt is diofar sheòrsaichean cainnt ann an Gàidhlig.

Chan eil àireamh mhòr de dhaoine le Gàidhlig ann an Inbhir Chluaidh, ach ann an àiteachan far a bheil luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach, bheir a' Chomhairle brosnachadh do chleachdadh na Gàidhlig agus feuchaidh i ri taic a thoirt don luchd-labhairt sin. Le bhith a' tabhann chlasaichean Gàidhlig aig ìre tòiseachaidh, meadhan-ìre agus ìre adhartach thathar an dùil taic a thoirt do chleachdadh na Gàidhlig ann an Inbhir Chluaidh. Tha a' Chomhairle ag obair, tro bhith a' dèiligeadh ris an toradh co-cheangailte ri call-sluaigh ann an SOA, gus cùisean turasachd a leasachadh, agus bidh am Plana Nàiseanta a' cur ris an obair leasachaidh sin.

Tha ar Seirbheis Teicneòlas Fiosrachaidh is Conaltraidh a' coimhead feuch dè na Brobhsairean Gàidhlig a ghabhas cleachdadh nuair a tha feum orra, agus dè na làraich-lìn eile a ghabhas cleachdadh gus Foghlam tron Ghàidhlig a thoirt air adhart ann an Inbhir Chluaidh.

## **6.3 Inbhe a' Chànain**

Tha am Plana Nàiseanta ag amas air a' Ghàidhlig a dhèanamh nas follaisiche, nas aithnichte agus air deagh ìomhaigh a chruthachadh don Ghàidhlig ann an saoghal poblach na h-Alba.

Le bhith ag ullachadh a' Phlana Ghàidhlig seo, tha Comhairle Inbhir Chluaidh a' cuideachadh gus ìomhaigh na Gàidhlig a thogail ann an sgìre Inbhir Chluaidh. Tha a' Chomhairle a' toirt aithne do cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig, agus mar sin, feuchaidh i ri deagh ìomhaigh a chur air adhart airson na Gàidhlig gu h-ionadail agus nuair a tha e practaigeach agus nuair a tha ionmhas ann air a shon, feuchaidh i ri Gàidhlig a dhèanamh nas follaisiche, mar eisimpleir le soidhnichean ùra.

## **6.4 Corpas a' Chànain**

Tha am Plana Nàiseanta ag amas air Gàidhlig a dhèanamh nas buntainniche is nas cunbhalaiche mar chànan agus air rannsachadh air a' chànan a bhrosnachadh.

Cumaidh a' Chomhairle ris an dreachd as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig agus ris na h-ainmean-àite a tha Ainmean-àite na h-Alba a' moladh.

## 7. A' Sgrùdadh Coileanadh a' Phlana

Nì Comhairle Inbhir Chluaidh sgrùdadh air a' Phlana seo le bhith a' toirt aithisg-adhartais don Chomataidh Phoileasaidh is Ghoireasan san Fhaoilleach/Gearran gach bliadhna. Thèid na h-aithisgean-adhartais bliadhnail sin a chur gu Bòrd na Gàidhlig an uair sin. Thèid na gnìomhan bhon Phlana Ghàidhlig a chur a-steach ann an siostam rianachd coileanadh eileagtronaigeach na Comhairle, Coileanadh Inbhir Chluaidh, agus thèid an ùrachadh gach bliadhna.

Thèid sanasachd a dhèanamh air a' Phlana air làrach-lìn is eadra-lìon na Comhairle feuch am bi fios aig luchd-obrach air dleastanasan na Comhairle fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus air dè na h-iomairtean a tha a' Chomhairle an dùil a chur an sàs.

## 8. A' Cur Fios chun an Ùghdarrais

'S e am prìomh oifigear a bhios a' stiùireadh coileanadh a' Phlana Ghàidhlig seo san fharsaingeachd:

Grant McGovern  
Ceannard airson Foghlam In-ghabhalach, Cultar is Poileasaidh  
Corporra  
Comhairle Inbhir Chluaidh  
Prìomh Oifis Roinn an Fhoghlaim  
Ceàrn Uallais  
Grianaig  
PA15 1JB

Fòn: 01475 712828  
Post-d: [grant.mcgovern@inverclyde.gov.uk](mailto:grant.mcgovern@inverclyde.gov.uk)

Ma tha ceistean agaibh mu libhrigeadh a' Phlana bho latha gu latha, bu chòir dhuibh fios a chur gu:

Miriam McKenna  
Manaidsear Poileasaidh Corporra is Com-pàirteachais  
Comhairle Inbhir Chluaidh  
Prìomh Oifis Roinn an Fhoghlaim  
Ceàrn Uallais  
Grianaig  
PA15 1JB

Fòn: 01475 712042  
Post-d: [miriam.mckenna@inverclyde.gov.uk](mailto:miriam.mckenna@inverclyde.gov.uk)



## Eàrr-ràdh a h-Aon

